

Gnìomh Bìdh Gàidhlig na h-Alba – Picnic Aon Phlanaid

**Ìre:** C4-S3**Ùine:** 1 uair

Tha an leasan seo a' toirt eòlas do sgoilearan air cultar bìdh na Gàidhlig agus air grìtheidean traidiseanta Albannach, agus aig an aon àm a' rannsachadh phrionnsabalan Aon Phlanaid. Tòisichidh na sgoilearan a' beachdachadh air mar a ghabhas Picnic Aon Phlanaid a dhealbhadh agus a ruith, a' smaoineachadh air mar a chuidicheas roghainnean bìdh seasmhach le bhith a' lùghdachadh buaidh air an àrainneachd.

Ceanglaichean ris a' Churraicealam

HWB 2-29a, 2-35a, 2-34a TCH 2-04a, SOC 2-08a

Ceanglaichean ri Ionnsachadh airson Seasmhachd

Targaid 2030 – Coimhearsnachd na Sgoile agus an Àrainneachd**SDGn** – Amas 12: Cleachdadh Cunntachail; Amas 15: Beatha air Tìr**UNCRCs** – Artaigil 24: Slàinte, Uisge, Biadh agus Àrainneachd; Artaigil 29:

Amasan an Fhoghlaim

Meata-sgilean – Iomairt, Co-obrachadh, Cruthachalachd

Tha sinn ag ionnsachadh mu dheidhinn:

- Rannsachadh a dhèanamh air cultar bìdh na Gàidhlig agus grìtheidean thraidiseanta na h-Alba.
- Tuigse nas fheàrr fhaighinn air Beatha Aon Phlanaid agus roghainnean bìdh seasmhach.
- Tòiseachadh air smaoineachadh air mar a ghabhas Picnic Aon Phlanaid a chur air dòigh.

Goireasan: [Taisbeanadh le notaichean stiùiridh](#), [Reasabaidhean Bìdh Gàidhlig](#), [Duilleag Dealbhadh Picnic Aon Phlanaid \(gnìomh taghaidh\)](#)

1. Còmhraidh Tòiseachaidh – Na Biadhan as Fheàrr Leat agus Biadh Seasmhach (5–10 mionaidean)

A' cleachdadh Shleamhnagan 2–4 den Taisbeanadh, tòisich a' bruidhinn mu bhiadh seasmhachd agus Picnic Aon Phlanaid.

Faighnich dhan sgoilearan:

- Dè na biadhan as fheàrr leibh?
- Dè tha sibh a' smaoineachadh a tha biadh seasmhach a' ciallachadh?
- Cò às a tha ar biadh a' tighinn?
- Dè th' ann am Picnic Aon Phlanaid?

Bruidhinn mun Phicnic Aon Phlanaid.

Tidsear: **"Tha Picnic Aon Phlanaid math dhuibh fhèin agus math dhan phlanaid".**

2. Dè tha a' ciallachadh gu bheil Picnic, Aon Phlanaid? (10 mionaidean)

A' cleachdadh Sleamhnag 5 den Taisbeanadh le na nòtaichean, rannsaich:

- Lùghdachadh de sgudal pacaidh
- Lùghdachadh de sgudal bìdh
- Ath-chleachdadh de shoithichean is barrachd
- Seachnadh de rudan aon-chleachdaidh
- Biadh ionadail agus san àm
- Smachd de mheudan bìdh

Faighnich:

Dè na roghainnean a chuidicheas an àrainneachd?

Dè dhiubh a tha sibh a' dèanamh aig an taigh mar-thà?

3. Gnìomh Clàr-bìdh Aon Phlanaid (10 mionaidean)

A' cleachdadh shleamhnagan 6–8 den Taisbeanadh, ann am buidhnean beaga no ann am paidhrichean.

Dùbhlán: Cruthaichibh clàr-bìdh trì cùrsaichean airson Picnic Aon Phlanaid.

Bu chòir do sgoilearan beachdachadh air:

- Biadh ionadail agus san àm
- Biadh air a mhalairt gu cothromach
- Biadh fàs-bheairteach
- Pacadh seasmhach

Bu chòir dha na buidhnean am beachdan a roinn leis a' chlas agus mìneachadh mar a tha an clàr-bìdh aca a' toirt taic do Bheatha Aon Phlanaid.

4. Biadh agus Cultar Gàidhlig na h-Alba (10 mionaidean)

A' cleachdadh Sleamhnag 9, thoir a-steach biadhan traidiseanta Gàidhlig na h-Alba agus bruidhinn air mar a tha iad ceangailte ri cultar agus dualchas na Gàidhlig.

Cuideachadh le fuaimneachadh: <https://learngaelic.scot/dictionary/>

Bruidhinn air:

- Arain-coirce
- Bonnach
- Gruth
- Mil an fhraoich
- Dearcan
- Crannachan

Faighnich:

- Dè na grìtheidean a gheibhear gu h-ionadail?
- Carson a bha na biadhan seo cudromach ann an coimhearsnachdan Gàidhlig?
- Ciamar a tha na biadhan seo ceangailte ri cruth-tìre agus àrainneachd na h-Alba

5. Prìomh Ghnìomh – Dealbhaich ur Picnic Gàidhlig Aon Phlanaid (15–20 mionaidean)

A' cleachdadh Sleamhnag 11 agus [Duilleag Dealbhaidh Picnic Aon Phlanaid](#), dealbhaichidh sgoilearan am Picnic Gàidhlig Aon Phlanaid aca fhèin.

Bu chòir dhaibh:

- Àite a thaghadh
- Tagh ciamar a shiùbhlas iad ann
- Biadhan seasmhach a thaghadh
- Tagh mar a thèid am biadh a phacadh
- Ceòl traidiseanta Albannach a thaghadh
- Abairtean Gàidhlig a thaghadh

Faodaidh luchd-ionnsachaidh an goireas [Reasabaidhean Bìdh Gàidhlig na h-Alba](#) a chleachdadh gus cuideachadh le taghadh bìdh agus dealbhadh a' chlàir-bhìdh.

6. Geàrr-chunntas (5 mionaidean)

Faighnich:

- Dè tha a' dèanamh Picnic, Aon Phlanaid?
- Dè na roghainnean seasmhach a rinn sibh?
- Dè na biadhan Gàidhlig a chuireadh sibh ann?
- Ciamar a chuir sibh cànan agus cultar na Gàidhlig san dealbhadh agaibh?

Crìochnaich le bhith ag innse gum faod roghainnean beaga buaidh mhòr a thoirt air daoine is a' phlanaid.

7. Leudaich an t-Ionnsachadh – Dealbhaich ur Picnic!

Cleachd an goireas [Reasabaidhean Bìdh Gàidhlig na h-Alba](#) agus tadhail air làrach-lìn [One Planet Picnic](#) airson barrachd bheachdan, reasabaidhean agus brosnachaidh airson picnic sheasmhach a dhealbhadh.

8. Goireasan a bharrachd

[Keep Scotland Beautiful – Climate Action Schools](#) - Beachdan leasain, gnìomhan agus goireasan

Seòladh puist-d: education@keepscotlandbeautiful.org